

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIllleathain

Flada

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleam@bbc.co.uk. This is Litir 1,001. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 697 corresponds to Litir 1,001.

Tha grunn eileanan air a bheil an t-ainm – Flada no Fladaigh. Tha an t-ainm a’ tighinn bhon t-Seann Lochlannais, a’ ciallachadh ‘eilean còmhnard’. Tha dà eilean bheag air a bheil Flada ann an Sealtainn. Cha bhi sin na iongnadh oir buinidh ainmean-àite Shealtainn gu lèir do dhualchas nan Lochlannach.

Dh’fhàg na Lochlannaich an dileab air taobh an iar na h-Alba cuideachd. Tha Flada eile gu siar air Eilean Luing ann an Earra-Ghàidheal. Cuideachd ann an Earra-Ghàidheal tha Flada siar air Muile anns na h-Eileanan Treisnis.

Tha Flada Chuain gu tuath air an Eilean Sgitheanach. Tha e a-muigh sa chuan, agus tha ainm ga chomharrachadh mar eadar-dhealaichte bho eileanan eile air a bheil Flada no Fladaigh. Agus tha sin ciallach, oir beagan mhiltean air falbh anns an Taobh Sear, tha eilean beag air a bheil Staffin Island no Eilean Steinseil. Ach ’s e mo thuigse gu robh ainm eile air an eilean o shean – Fladaigh.

Tha eachdraidh is dualchas iongantach aig Flada Chuain. Tha tobhta seann chaibeil ann a tha co-cheangailte ri Calum Cille. Agus sin an t-eilean far an do chuir ceann-cinnidh nan Dòmhnallach a phàipearan laghail am falach mus do dh’èirich e ann an adhbhar nan Seumasach ann an seachd ceud deug is còig-deug (1715).

Tha aon Flada eile ann air a bheil mi eòlach. Tha sin far cladach an iar-thuath Ratharsair agus chaidh mi ann o chionn ghoirid ann an gheat. Tha caolas cumhang ann eadar Flada agus Ratharsair ach chan urrainn seòladh troimhe air fad ann am bàta le druim mòr oir tha an dà eilean ceangailte ri chèile le dòirlinn. Airson greis gach latha, aig àm an làin, bidh Flada na eilean ceart, agus sàl ga chuirteachadh gu lèir.

Ma tha sibh ag iarraidh coiseachd ann, feumaidh sibh an carbad fhàgail aig ceann Rathad Chaluum aig an Torran ann an Ratharsair. Tha ceum coiseachd dà mhìle a dh’fhaid an uair sin a’ dol chun na dòirlinn.

’S e eilean snog a th’ ann am Flada. Tha e mìle gu leth ann am fad agus beagan is leth-mhìle ann an leud. Tha e car còmhnard – mar a bhiodh dùil – le loch anns a’ mheadhan. Tha boglaichean is mòinteach gu leòr ann ach, timcheall a’ bhaile, far an robh an sluagh a’ fuireach, tha e rudeigin torrach. Chanainn gun robh na Fladaich a’ cur buntàta is coirce is eòrna an sin uaireigin. Agus bha cala math aca airson an cuid eathraichean.

Aig deireadh an naoidheamh linn deug, bha caogad duine a’ fuireach ann. Bhiodh na sgoilearan a’ coiseachd don sgoil ann an Torran ach cha b’ urrainn dhaibh fhaighinn thar a’ chaolais aig àm an làin. **Anns na ficheadan dhen fhicheadamh linn**, dh’iarr muinntir an eilein air Comhairle Siorrachd Inbhir Nis drochaid no cabhsair a

thogail eadar Flada is Ratharsair. Dhiùlt a' Chomhairle an t-iarrtas ach thog iad sgoil ann am Flada fhèin.

Aig toiseach nan seasgadan cha robh ach dusan duine a' fuireach ann am Flada. Bha iad a' tagradh airson cabhsair, uisge na pìob agus cumhachd an dealain, ach dh'fhàs iad sgìth de bhith a' feitheamh. Dh'fhàg iad uile an t-eilean **mus robh a' bhliadhna seasgad 's a còig (1965) a-mach**. Tha trì taighean anns an eilean fhathast ach tha iad air an cur gu feum a-mhàin as t-samhradh airson làithean-saora.

* * * * *

Faclan na Litreach: còmhnard: *flat*; dìleab: *legacy*; gheat: *yacht*; caolas cumhang: *narrow channel*; dòirlinn: *natural causeway to tidal island*; torrach: *fertile*.

Abairtean na Litreach: grunn eileanan far chosta na h-Alba: *a number of islands off the coast of Scotland*; cha bhi sin na iongnadh: *that won't be a surprise*; buinidh ainmean-àite Shealtainn do dhualchas nan Lochlannach: *Shetland's place-names belong to the Scandinavian heritage*; gu siar air Eilean Luing ann an Earra-Ghàidheal: *to the west of the Isle of Luing in Argyll*; siar air Muile anns na h-Eileanan Treisnis: *west of Mull in the Treshnish Isles*; beagan mhìltean air falbh anns an Taobh Sear: *a few miles away on the east of the Trotternish Peninsula (Staffin)*; 's e mo thuigse gu robh ainm eile air an eilean o shean: *it's my understanding that the island had another time in olden times*; tobhta seann chaibeil a tha co-cheangailte ri Calum Cille: *a ruin of an old chapel that is connected to St. Columba*; far an do chuir ceann-cinnidh nan Dòmhnallach a phàipearan laghail am falach: *where the clan chief of the MacDonalds hid his legal papers*; mus do dh'èirich e ann an adhbhar nan Seumasach: *before he rose on behalf of the Jacobites*; far cladach an iar-thuath Ratharsair: *off the north-west coast of Raasay*; chan urrainn seòladh troimhe air fad ann am bàta le druim mòr: *it's not possible to sail all the way through it in a boat with a large keel*; aig àm an làin bidh Flada na eilean ceart: *at high tide Fladda is a proper island*; agus sàl ga chuairteachadh gu lèir: *with seawater entirely surrounding it*; ceum coiseachd dà mhìle a dh'fhaid: *a walking track two miles long*; mìle gu leth ann am fad agus beagan is leth-mhìle ann an leud: *a mile and a half in length and a bit over half a mile in width*; a' cur buntàta is coirce is eòrna: *planting potatoes and oats and barley*; thar a' chaolais: *across the channel*; dhiùlt a' Chomhairle an t-iarrtas: *the Council refused the request*; a' tagradh airson cabhsair, uisge na pìob agus cumhachd an dealain: *appealing for a causeway, piped water and electricity*; sgìth de bhith a' feitheamh: *tired of waiting*.

Puing-chànain na Litreach: Anns na ficheadan dhen fhicheadamh linn: *in the 1920s [lit. in the twenties of the 20th Century]*. You might also say anns na naoi deug is ficheadan *but that is a bit clumsy and native speakers would often use the English ie 'anns na 1920s'*.

Gnathas-cainnt na Litreach: mus robh a' bhliadhna seasgad 's a còig a-mach: *before the year 1965 was out*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA